

'S i Crois Naoimh

Màrtainn an aon charragh
shnaighte iomlan a tha
air fhàgail on 8mh linn.
Chìthear fòs i na seasamh
taobh a-muigh Abaid Ì.

A' RANNSACHADH CROIS NAOIMH MÀRTAINN, EILEAN Ì

Fiosrachadh don Luchd-Teagaisg



FOGHLAM



A' RANNSACHADH LÀRAICHEAN EACHDRAIDHEIL



Abaid Eilean Ì

Bha eilean beag Ì aig teismheadhan na h-Eaglais ann an Alba sna ciad bhliadhnaichean aice. Ann an 563 BT thàinig N. Calum Cille is a luchd-leanmhainn às Èirinn gus manachainn a chur air bhonn san eilean. Dh'fhàs seo gu bhith mar ionad ainmeil foghlaim is ciùird. Chaidh bùthan-obrach a stèidheachadh, a' teagasg sgilean leithid snaigheadh cloiche. Mhair a' mhanachainn an aghaidh ionnsaigh nan Lochlannach ach tro thìde chaidh Abaid Bhenedicteach a chur na h-àite. An diugh tha Abaid Eilean Ì a' tarraing an dà chuid eilthirich agus luchd-turais ri linn a sìth agus a h-àilleachd.

Tha feadhainn de na sàr-chroisean àrda a chaidh a shnaigheadh còrr is mìle bliadhna air ais fhathast ri fhaicinn air an eilean an diugh. Air aon dhiubh tha Crois Naoimh Màrtainn, on 8mh no 9mh linn. Bha a' chrois thùsail taobh a-muigh na h-Abaid ach creidear gun do thuit i goirid an dèidh a togail. Chìthear na pìosan an Taigh-tasgaidh na h-Abaid agus tha mac-samhail taobh a-muigh na h-Abaid.

Fiosrachadh feumail

- Fios agus uairean-fosglaidh an Taigh-tasgaidh: **Fòn. 01681 700512.**
- Slighe-steach is parcadh: faodar busaichean a pharcadh aig togalach-uidhe aiseag Fhionnphort, Eilean Mhuile. Tha an t-aiseag a' toirt mu 10 mionaid. Air chois, ruigear Eilean Ì an ceann 10 mionaid.
- Taigh-beag: tha iad seo so-ruigsinneach is faisg air làimh.
- Cunnart is Sàbhailteachd: tha seo fo chùram an neach-teagasg air a bheil an uallach sin.
- Molar gum bi 1 inbheach ann fa chomhair 10 phàistean.

Mar a chleachdar an goireas seo

Tha an goireas seo air a chur ri chèile gus cuir an comas luchd-teagasg no phàrantan rannsachadh beag a dhèanamh air Crois Naoimh Màrtainn. Dìridh na gnìomhan air a' charragh thùsail, a tha na seasamh taobh a-muigh Abaid Ì. Bidh deasbad simplidh a' dìreadh aire nan sgoilearan air na tha iad a' faicinn agus gam misneachadh an fhianais seo a mhìneachadh. Molamaid cuideachd gun caith thu seal a' coimhead air na carraighean snaighte eile timcheall air an Abaid agus ann an Taigh-tasgaidh na h-Abaid.

Bu chòir an leabhar-treòrachaidh seo a chleachdadh cuide ris an leabhar mhòr dhathte *A' Rannsachadh Charraighean Snaighte*, Alba Aosmhor 2009. Tha seo ri fhaotainn saor 's an asgaidh don luchd-teagasg o Alba Aosmhor agus gabhaidh fhaighinn cuideachd air làrach-lìn Alba Aosmhor. Tha an leabhran seo a' cur Crois Naoimh Màrtainn ann an co-theacs Charraighean Crìosdail Aosta eile, agus a' toirt seachad saoghal bràth de mholaidhean a bharrachd a thaobh rudan a nìthear roimh thighinn ann agus na dhèidh.

Fòn **0131 668 8793/8736** no tadhail www.historic-scotland.gov.uk airson tuilleadh fiosrachaidh.

Gnìomhan a mholar

Thathar a' moladh na leanas mar ghnìomhan a bharrachd a bhuineas ri Crois Naoimh Màrtainn, a ghabhas dèanamh air an làraich no air ais san sgoil.

- Tomhais a' charragh, chor is gun tèid agad air modail den aon mhead no dealbh-sgèile a dhèanamh dhith air ais san sgoil.
- Dèan dealbh de dh'aon phàirt den charragh. Thoir air sgoilearan sùil gheur a thoirt air na loidhnichean a tha mar gum biodh 'fìgte' 'fo gach a chèile. Air ais san sgoil faodar na deilbh seo a chur gu feum mar bhunait dealbh-sgèile stèidhichte air 'obair-shnaidhme' mar seo.
- A' cleachdadh crèadha no stuth modail eile, dh'fhaodadh sgoilearan an carraighean fhèin a dhealbhadh le pàtranan 'snaighte' no ìomhaighean.

Tuilleadh Leuehaidh

- Foghlam Alba Aosmhor, *A' Rannsachadh Charraighean Snaighte*, Alba Aosmhor 2009.
- Anna Ritchie agus Ian Fisher, *Iona Abbey and Nunnery*, Alba Aosmhor 2004.



Robh fhios agad ...

Chaidh Crois Naoimh Màrtainn a shnaigheadh à aon phìos cloiche.

Cùl-fhiosrachadh

Faodar seo a leughadh a-mach gu sgoilearan ron turas neo air an làraich.

- Chaidh a' charragh seo a shnaigheadh còrr is 1200 bliadhna air ais le luchd-ciùird a bha ag obair aig an abaid an seo. Theirear Crois Naoimh Màrtainn rithe.
- Chuireadh a' chiad abaid air bhonn an seo le N. Calum Cille, a thàinig a dh'Eilean Ì às Èirinn ann an 563 BT. Thòisich e coimhearsnachd chràbhach ann is theagaisg e an creideamh Crìosdail do dhaoine.
- An dèidh a bhàis, thigeadh daoine a dh'ì gus uaigh a thadhail. Bha Crois Naoimh Màrtainn air aon de dh'iomadh crois a threòraich luchd-tadhail chun na h-abaid. Chan eil air fhàgail an diugh ach crois no dhà - cia mheud a chì thu?
- A bharrachd air a bhith mar threòir, bha na croisean cloiche mar àite far an stadadh daoine gus ùrnaigh a dhèanamh 's iad a' dol seachad.
- 'S e Crois Naomh Màrtainn an aon chrois iomlan a tha air fhàgail.



Eilthirich an latha an diugh a dh'ì 's iad cruinnichte mu Chrois Naoimh Màrtainn



Theirear bailleanan ris na cumaidhean cruinn cloiche



Dealbh a' sealltainn sheallaidhean on Bhìoball

© Crown Copyright: RCAHMS. Licensor www.RCAHMS.gov.uk

Puingean-deasbaid

Spreagadh an Neach-Teagaisg

Seall gu luath air a' chrois. Lorg samhla no pàtran is toil leat. Seall ri caraide e.

Coimhead gu faiceallach air a' charragh. Cia mheud pìos fa leth a shaoileas tu a chleachd an luchd-ciùird gus a' chrois a dhèanamh?

Dè dathan na carraigh?

Coimhead air taobh na croise a tha ris an abaid.

Dè seòrsa pàtranan a chì thu?

Theirear 'bailleanan' ris na cumaidhean cruinn cloiche.

Bheil daoine snaighte air an taobh seo?

Am faic thu ainmhidhean sam bith?

Tha cearcall cloiche a' ceangail gàirdeanan na croise. Carson a shaoileas tu a tha seo ann?

Coimhead cliathaich na croise. Am faic thu sliotan aig ceann nan targhàirdeanan? Dè, nad bheachd, a rinn iad seo?

Seall air an taobh eile. De tha a' fàgail seo eadar-dhealaichte on chiad taobh?

Bheil sìon mar an ceudna?

Tha seallaidhean on Bhìoball air an taobh seo. Tha iad caite a-nis, ach 's dòcha gun dèan thu cuid dhiubh a-mach.

Sir:

- Muire 's an leanabh, Ìosa.
- Daniel ann an garaidh nan leòmhan.
- Àbraham air impis a mhac a ìobairt - chì thu chlàidheamh air a thogail.
- Dàibhidh a' cluich clàrsaich, is ceòladair a' seinn na pìoba.
- Dàibhidh air impis ionnsaigh a thoirt air an fhuamhaire Goliath le chloch-bhogha.

Freagairtean nan sgoilearan

Freagairtean nan sgoilearan fhèin.

Crois dèanta de dh'aon phìos mhòr chloiche - car liath

Bunstèidh a tha snaighte o phìos eile cloiche - car bàn-dearg.

Cearcallan is lùban; tòrr chumaidhean cruinn snaighte.

Chan eil daoine ann.

Nathraichean.

'S dòcha maise, no gus a daingeachadh - airson na gàirdeanan a chumail suas.

'S dòcha gun rachadh rudeigin a chur annta seo - maise fiodha no meatailt gus a' chrois a dhèanamh nas grinne.

Tha e a' sealltainn daoine.

Tuilleadh bhailleanan snaighte.

• Ann am meadhan na croise.

• Fo Mhuire.

• Fo Daniel.

• Fo Àbraham.

• Fo Dhàibhidh.



Tha an trasnan maisichte a' sealltainn sheallaidhean on Bhioball.

An dùil carson a bha an obair-shnaighte ann?

'S dòcha gun cuireadh i na sgeulachdan an cuimhne daoine 's am brosnachadh. No gum biodh i mar 'dhealbhan' an cois searmonachadh nam manach.

Carson a tha na dealbhan cho caite?

Gaoth is sìde.

An smaoinich thu gum bu chòir a' charragh a bhith a-staigh fo dhìon?

Freagairtean nan sgoilearan fhèin.

Dè an taobh den charragh is fheàrr leat?

Freagairtean nan sgoilearan fhèin.

Dè an taobh, nad bheachd, a tha mar an aghaidh neo am prìomh-thaobh?

Freagairtean nan sgoilearan fhèin.

